



# Oifigear Adhartachaidh na Gàidhlig

Latha dùnaidh: 6 Màrt 2024 aig meadhan-latha

Ceann-latha agallamh ris a bheil dùil: Seachdain a' toiseachadh 1 Giblean 2024

**Reifreans Trusaidh:**  
HES/24/015

**Tuarastal Tòiseachaidh:**  
£30,539 sa bhliadhna a'  
meudachadh gu £32,110 às  
dèidh 1 Giblean 2024

**Raon Tuarastail:**  
£30,539-£37,131 sa  
bhliadhna a' meudachadh  
gu £32,110 - £37,874 às  
dèidh 1 Giblean 2024

**Bann Pàighidh:**  
C

**Buidheann-stiùiridh:**  
Co-obrachaidhean is  
Dàimhean Taobh a-Muigh

**Àite:**  
Dùn Èideann, Gearastan  
Deòrsa (Inbhir Nis) no  
Sruighlea le obair ioma-  
dhòigheach

**Ciad Mhanaidsear:**  
Catriona Nic'IlleMhoire,  
Manaidsear Poileasaidh  
Gàidhlig

**Seòrsa Cùmhnant:**  
Maireannach

**Uairean Obrach:**  
Làn-thìde (35 uairean san t-  
seachdain)

Tapadh leat airson ùidh a nochdadh ann an dreuchd Oifigear Adhartachaidh na Gàidhlig (Gaelic Outreach Officer) aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES). Bidh an dreuchd stèidhichte ann an Dùn Èideann, Gearastan Deòrsa (Inbhir Nis) no Sruighlea le obair ioma-dhòigheach. Is e dreuchd mhaireannach le peinnsean a tha seo.

Tha HES dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd. Is e cothrom brosnachail a tha seo air taic a chur ri lìbhrigeadh ar Plana Gàidhlig le bhith a' leasachadh agus a' co-òrdanachadh diofar phròiseactan is ghnìomhachdan fo ar cinn-uidhe adhartachaidh. Gus a bhith soirbheachail, bidh tu fileanta sa Ghàidhlig le dealas agus eòlas dearbhte ann an adhartachadh na Gàidhlig.

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean don dreuchd seo ann an Gàidhlig no Beurla.

## Mu ar deidhinn

Is sinne am prìomh bhuidheann airson àrainneachd eachdraidheil na h-Alba; carthannas a tha air a shònrachadh airson adhartachadh air dualchas, cultar, foghlam agus dìon àrainneachd. Tha sinn aig fìor aghaidh rannsachaidh is tuigse don àrainneachd eachdraidheil, agus dèiligeadh ri buaidh na gnàth-shìde air, san àm ri teachd. Bidh sinn a' rannsachadh agus a' clàradh làraichean ailtireachdail agus arc-eòlasach is cruthan-tìre air feadh Alba, agus a' gabhail cùram do chòrr air 300 làrach de chudromachd nàiseanta. Tha Ro-innleachd Dhaoine againn, a tha mar phrìomh ro-innleachd airson dèanamh cinnteach gu bheil



sinn a' cur taic ri agus a' leasachadh luchd-obrach taobh a-staigh a' bhuidhinn.

## Ar Lèirsinn

Is e ar lèirsinn gum bi a h-uile duine a' cur sùim mhòr san àrainneachd eachdraidheil, gum bi tuigse aca oirre agus cothrom aca tlachd is com-pàirt a ghabhail innte le pròis."

## Ar Prìomhachasan

- Tha an àrainneachd eachdraidheil a' dèanamh diofar mòr air beatha dhaoine.
- Tha an àrainneachd eachdraidheil air a cumail suas, air a dìon agus air a stiùireadh do na ginealaichean ri teachd.
- Tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu farsaing ri eaconamaidh na h-Alba agus a sluagh.
- Tha an àrainneachd eachdraidheil a' brosnachadh Alba a tha beòthail agus cruthachail.
- Tha cùram ga thoirt don àrainneachd eachdraidheil agus air a h-adhartachadh le buidheann àrd-ghnìomhach.

## Tar-shealladh den dreuchd agus fiosrachadh mun sgioba

Tha Oifigear Adhartachaidh na Gàidhlig air a stiùireadh sa chiad àite leis a' Mhanaidsear Poileasaidh Gàidhlig a tha stèidhichte anns an Sgioba Ro-innleachd is Poileasaidh ann am Buidheann-stiùiridh Co-obrachaidhean is Dàimhean Taobh a-Muigh. Tha dleastanas air an sgioba agus air a' bhuidheann-stiùiridh nas fharsainge, a tha a' gabhail a-steach ro-innleachd agus leasachadh poileasaidh, rannsachadh agus dualchas cultarach do-bheantainneach, obair eadar-nàiseanta, co-ionannachdan, com-pàirt coimhearsnachd is leasachadh eaconamach, tabhartasan, togail-airgid, Oifis an Ceannard, agus lìbhrigeadh air Ar n-Àm a Dh'fhalbh, Ar n-Àm ri Teachd – An Ro-innleachd airson Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba.

Mar Oifigear Adhartachaidh na Gàidhlig (Gaelic Outreach Officer), bidh tu a' cur taic ri lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig againn. Bidh tu cunntachail airson prògraman, pròiseactan agus gnìomhachdan a leasachadh, a lìbhrigeadh agus a cho-òrdanachadh fon Phlana Ghàidhlig, a' gabhail a-steach ar Prògram Ionnsachaidh Gàidhlig (goireasan is bùithtean-obrach do sgoiltean), com-pàirt coimhearsnachd is adhartachadh, tachartasan agus subsaint Ghàidhlig do na meadhanan sòisealta agus an làrach-lìn againn. Mar sin, bidh thu ag obair tarsainn HES agus air an taobh a-muigh le luchd-cleachdaidh neo-eisimeileach, sgoiltean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe eile bhon taobh a-muigh air feadh Alba, gus an raon leasachaidh agus adhartachaidh na Gàidhlig a leudachadh taobh a-staigh nan àiteachan sin. Tha nàdar na h-obrach a' ciallachadh gu bheil e riatanach gu bheil an neach-dreuchd fileanta ann an Gàidhlig.

Bidh an dreuchd seo stèidhichte ann an Dùn Èideann, Gearastan Deòrsa (Inverness) no Sruighlea, le beagan sùbailteachd ann an obair ioma-dhòigheach agus ag obair bhon dachaigh. Tha an dreuchd seo ag iarraidh siubhal cunbhalach



agus fuireach-oidhche air feadh Alba gus pròiseactan is iomairtean a leasachadh agus a libhrigeadh.

### Prìomh uallachaidhean, dleastanasan is cinn-uidhe

- Cuideachadh a' Mhanaidseir Poileasaidh Gàidhlig ann an leasachadh, libhrigeadh, sgrùdadh agus aithris air a' Phlana Ghàidhlig.
- Cunntachail airson diofar phrògraman, pròiseactan agus gnìomhachdan a leasachadh, a libhrigeadh 's a cho-òrdanachadh fo na cinn-uidhe adhartachaidh sa Phlana Ghàidhlig, a' gabhail a-steach tachartasan Gàidhlig, com-pàirt coimhearsnachd agus gnìomhachdan adhartachaidh.
- Cunntachail airson am Prògram Ionnsachaidh Gàidhlig a leasachadh agus a libhrigeadh, a' gabhail a-steach obrachadh le co-obraichean HES is luchd-ùidhe bhon taobh a-muigh air goireasan ionnsachaidh a chruthachadh, agus anns a' bhuidheann, agus bùithtean-obrach a libhrigeadh do sgoiltean is buidhnean eile.
- Cruthachadh susbaint Ghàidhlig do ar sianalan mheadhanan sòisealta is làrach-lìn, ann an cruth puist, susbaint dhidseatach is blogaichean.
- Cur gu gnìomhach ri iomairtean agus a' stèidheachadh lìonraidhean aig ìre ionadail is nàiseanta taobh a-staigh co-theacsa Gàidhlig agus obair ar buidhinn.
- A' co-obrachadh le luchd-obrach tarsainn HES agus le luchd-ùidhe bhon taobh a-muigh, a' gabhail a-steach choimhearsnachdan, clann is daoine òga, luchd-ionnsachaidh, buidhnean Gàidhlig, luchd-cleachdaidh neo-eisimeileach, buidhnean dualchais agus luchd-tadhail, ann an libhrigeadh agus co-òrdanachadh phròiseactan.
- Riatanas air obrachadh gu cinn-ama, le amannan de ghnìomhachd a tha fìor dhian.
- Coinneamhan a phlanadh agus a rèiteachadh le diofar luchd-ùidhe, a' dèanamh cinnteach gu bheil obair-pàipeir uile agus pàipearachd taic sam bith air a sgaoileadh, agus a' gabhail geàrr-chunntas mar a dh'fheumar.
- Freagairt iarrtasan sgrìobhte is labhairteach agus a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig, mar a bhios iomchaidh.

### Comasachdan Dreuchd

Thèid measadh a dhèanamh ort mu choinneamh nan comasachdan seo aig àm a' phròiseis thaghaidh againn.



### ***Priomh Chomasachdan:***

- Lìbhrieadh Seirbheis shàr-mhath – Taisbeanadh dealas do sheirbheisean càileachdail
- Obair-sgioba – Cur ri agus cur taic ri obrachadh còmhla
- Planadh is Eagrachadh – Cur phlanaichean is ghoireasan nan àite gus toraidhean a choileanadh
- Conaltradh – Conaltradh gu h-ìomchaidh agus gu soilleir
- Eòlas agus ealantas – Cur an gnìomh agus a' leasachadh eòlas is ealantas gus toraidhean a choileanadh (Faic gu h-ìosal airson slatan-tomhais sònraichte)

### ***Comasachdan Stiùiridh:***

- Coileanadh thoraidhean – Cuimseachadh air libhrigeadh chinn-uidhe
- Stiùireadh Sgioba/Pròiseact/Obair – Stiùireadh sgioba / obair no pròiseact agus a' leasachadh dhaoine.

## **Fiosrachadh, sgilean agus eòlas**

Bidh agad ri thaisbeanadh gu bheil thu a' coileanadh nan riatanasan agus nan teisteanasan gu h-ìosal, mar phàirt den phròiseas taghaidh.

### ***Feumalachdan Riatanach:***

- Fileanta sa Ghàidhlig.
- Sgilean sàr-mhath ann an Gàidhlig is Beurla, a' gabhail a-steach comas air fiosrachadh toinnte a thaisbeanadh ann an dòigh fhurasta do luchd-èisteachd.
- Comasach air conaltradh gu h-èifeachdach aig gach ìre ann an Gàidhlig is Beurla, a' gabhail a-steach libhrigeadh is furastachadh bhùithtean-obrach.
- Eòlas ann an taisbeanadh fiosrachadh air beulaibh luchd-èisteachd ann an diofar chruthan, a' gabhail a-steach bhùithtean-obrach is thaisbeanaidhean.
- Sgilean làidir planaidh agus eagrachaidh le comas air obrachadh tarsainn iomadh raon, a' prìomhachadh iarrtasan farpaiseach agus a' libhrigeadh ghnìomhan taobh a-staigh chinn-ama teann.
- Eòlas air co-òrdanachadh, stiùireadh agus libhrigeadh pròiseactan.
- Sgilean obrach-sgioba làidir agus eòlas air dàimhean a thogail a-staigh agus a-muigh agus an cumail suas gu soirbheachail, còmhla ri com-pàirteachasan is lìonraidhean gus pròiseactan is gnìomhachdan a libhrigeadh.
- Eòlach air agus cleachdadh èifeachdach air raon de dh'innealan didseatach airson adhartachadh is conaltradh.
- Comas agus deòin air siubhal gu àiteachan is làraichean iomallach agus cothrom air modhan siubhail neo-eisimeileach.



### **Riatanasan Ion-mhiannaichte:**

- Eòlach air agus tuigse do dh'eachdraidh Alba, an roinn àrainneachd eachdraidheil agus prìomh luchd-ùidhe.
- Eòlas ann an co-òrdanachadh agus stiùireadh phròiseactan co-cheangailte ri cànan, cultar agus gnìomhachdan adhartachaidh na Gàidhlig.
- Eòlas ann an leasachadh ghoireasan Gàidhlig agus/no eòlas air a bhith ag obair ann am foghlam Gàidhlig.
- Eòlach air coimhearsnachdan Gàidhlig agus/no a bhith ag obair le buidhnean coimhearsnachd, buidhnean treas roinne no buidhnean dualchais.
- Sgilean ann an eadar-theangachadh Gàidhlig.

### **Teisteanasan is Ballrachdan Proifeiseanta:**

- Tha teisteanas foirmeil buntainneach aig ìre SCQF 9 no nas àirde ann an cànan Gàidhlig agus/no Foghlam, Dualchas, Cultar no Leasachadh Coimhearsnachd ion-mhiannaichte.

Leis gu bheil obair le buidhnean sgoile agus coimhearsnachd an sàs san dreuchd seo, feumaidh an tagraiche soirbheachail clàradh airson sgeama PVG mus tòisich iad ag obair le HES.

## **Na tha sinn a' tairgsinn**

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho gach nàiseantachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' chòir aca a bhith ag obair san Rìoghachd Aonaichte: dh'fhaodadh tagradh airson obair againn an doras fhosgladh gu àrainneachd obrach air leth. Dh'fhaodadh e cuideachd riarachas obrach a thoirt dhut agus cothroman leasachaidh sàr-mhath, còmhla ri tuarastal farpaiseach, co-ionann ri 25 làithean de shaor-làithean pàighte (ag èirigh gu 30 latha de sheirbheis 3 bliadhna) agus 11.5 làithean poblach sa bhliadhna – agus luchd-obrach pàirt-thìde da rèir sin.

A thuilleadh air sin, tha sinn a' tabhann pasgan shochairan math do ar cosnaichean, a tha a' gabhail a-steach:

- uairean obrach sùbailte (mar as iomchaidh)
- fòrladh sònraichte
- fòrladh màthaireil/athaireil
- fòrladh uchd-mhacachd
- ath-phàigheadh air sìnteasan proifeiseanta buntainneach
- taic do dh'fhoghlam adhartach agus leasachadh pearsanta
- fòrladh ionnsachaidh airson chùrsaichean co-cheangailte ri obair



- cothrom air ionad ghoireasan ionnsachaidh

## Slàinte agus Sochairean

Tha sinn a' tabhann cothrom dhut air:

- ar Prògram Cuideachaidh Chosnaichean – airson comhairle is stiùireadh dìomhair
- sgeama pàighidh tinneis dhreuchdail
- lasachaidhean aig cuid de ghoireasan cur-seachad an ùghdarras ionadail
- ballrachd an-asgaidh le Headspace
- iasadan saor bho riadh airson rothairean agus ceadan siubhail bliadhnaile (faic 'tiogaid seusanail' gu h-ìosal)
- atharrachaidhean reusanta mar a dh'fheumar, mar phàirt de ar poileasaidh Cho-ionannachdan.

## Lasachaidhean luchd-obrach

Gheibh sibh:

- a-steach an-asgaidh gu ar làraichean uile (le suas ri trìuir aoighean)
- a-steach an-asgaidh gu togalaichean English Heritage, Manx agus Cadw
- 20% dheth ceannach ann an ionadan bhùithtean

## Tiogaidean seusanail

Faodaidh tu airgead ro-làimh fhaotainn gus do chuideachadh le cosgais ceannach tiogaid sheusanail bliadhnaile airson siubhal eadar dachaigh is obair. Tha an t-airgead ro-làimh ga ath-phàigheadh an uair sin bhon tuarastal agad thar beatha na tiogaid sheusanail. Ri fhaotainn le luchd-obrach maireannach is ùine-stèidhichte uile.

## Modh tagraidh don dreuchd

Faodaidh tu tagradh air-loidhne le tadhal air an làraich-lìn againn

<https://applications.historicenvironment.scot/>

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean don dreuchd seo ann an Gàidhlig no Beurla. Tha ar foirm tagraidh air-loidhne ann am Beura, faodaidh tu tagradh ann an Gàidhlig a' cleachdadh sgrìobhainn Word den foirm tagraidh a tha ri fhaighinn ann an Gàidhlig air sanas an dreuchd seo air ar làrach-lìn. Ma thaghas tu tagradh ann an Gàidhlig, cuir do foirm tagraidh gu [recruit@hes.scot](mailto:recruit@hes.scot) ron cheann-latha dùnaidh.



Tha sinn a' sireadh aithris comasachd bhut le fòcas air na feumalachdan riatanach agus riatanasan ion-mhiannaichte airson an dreuchd seo. Gheibhear stiùireadh le mar a sgrìobhar aithris comasachd anns an sgrìobhainn 'Mar a Sgrìobhar Aithris Comasachd' a tha cuideachd ri fhaighinn air an làrach-lìn gu h-àrd. Tha sinn a' moladh dhuibh a leughadh ann an co-bhonn ris an Tuairisgeul Obrach seo.

Lorgar stiùireadh air lìonadh an tagraidh anns an sgrìobhainn 'Notaichean stiùiridh do thagraichean', cuideachd ri fhaotainn air an làrach-lìn gu h-àrd, a tha sinn a' moladh dhuibh a leughadh ann an co-bhonn ris an Tuairisgeul Obrach seo.

Feumaidh do thagradh a bhith againn ron cheann-latha dùnaidh a tha air a shanasachadh. Thoir an aire ann an tagradh air-loidhne, chan eil comas againn an tagradh agad fhaicinn ach aon uair 's gu bheil thu air a chur a-steach [gu h-ìomlan](#).

Mura h-eil e comasach dhut am foirm tagraidh air-loidhne a lìonadh, cuir post-d gu [recruit@hes.scot](mailto:recruit@hes.scot), ag ainmeachadh tiotal na h-obrach agus iomradh trusaidh, agus cuiridh sinn air dòigh gun tèid foirm a chur thugad.

Thoir an aire, on a tha sinn ag obrachadh siostam trusaidh eileagtronaigeach, gun cuir sinn fios thugad air an t-seòladh puist-d a tha thu air a chur san tagradh agad, gus d' fhiosrachadh mu bhuil an tagraidh agad.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun dreuchd, cuir fios gu Caitriona Nic'Ille Mhoire, Manaidsear Poileasaidh Gàidhlig (Gaelic Language Policy Manager), air post-d gu [catriona.morrison@hes.scot](mailto:catriona.morrison@hes.scot)

Tha sinn a' cur fàilte air tagraichean uile bho bhuidhnean fo-riochdaichte taobh a-staigh HES. Tha fios againn bho ar [sgrùdadh co-ionannachd](#) gum feum sinn ar n-ìomadachd a mheudachadh a thaobh cinnidheachd is ciorram. Tha sinn cuideachd airson dèiligeadh ri raointean dreuchdail far a bheil an co-mheas gu mì-chothromach ag aomadh a dh'ionnsaigh boireannaich no fireannaich. Tha sinn ag iarraidh air tagraichean uile an earrann air Sgrùdadh Co-ionannachd den phàipearachd trusaidh a lìonadh, gus ar cuideachadh le sgioba-obrach eadar-mheasgte agus in-ghabhalach a shireadh. Mar thaic do ar plana Gàidhlig, tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho luchd-labhairt na Gàidhlig.

Goireasan Daonna  
Àrainneachd Eachdraidheil Alba